

Sùil Sgiobalta			
Diciadain 2 Dàmhair 2019		Diardaoin 3 Dàmhair 2019	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
Co-mheasadh - Coileanadh Ìre*	Curraicealam Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG): prìomhachas cudromach airson leasachadh	Giglets Gàidhlig*	A' toirt piseach air eadar-ghluasadan le e-Sgoil/ICT
Obair-shònraichte agus labhairt - Fileantaich	Cainnt, Cànan is Conaltradh aig Ìre na h-Àrd-sgoile	Ar Slàinte 's ar Sunnd	Giglets Gàidhlig*
Ar Slàinte 's ar Sunnd	Obair-shònraichte agus labhairt - Luchd-ionnsachaidh	A' libhrigeadh an NPA air Sgrìobhadh agus Riochdachadh Òrain Ùra Ghàidhlig	Film G: Ag ullachadh mus tig oide FilmG dhan sgoil agaibh
			Gàidhlig Àrd Ìre Adhartach

*Co-bhùth-obrach còmhla ri luchd-teagaisg bun-sgoile

1. Gàidhlig Àrd Ìre Adhartach

Marilyn Waters & Alasdair Bauld

Sa bhùth-obrach seo coimheadaidh sinn air atharraichean bho chionn ghoirid air ullachaidhean airson Gàidhlig Àrd Ìre Adhartach an dèidh do mheasaidhean-aonaid riatanach falbh. Mar phàirt dheth bidh seisean gnìomhach air tuigsinn nan slatan-tomhais, far an cleachd sinn an stiùireadh comharrachaidh foillsichte airson a' phàipeir ùir, Eadar-theangachadh, air fìor sgrìobtaichean le oileanaich. Bidh a' bhùth-obrach air a stiùireadh le Alasdair Bauld, Eòlaiche Leasachadh Theisteanasan (Gàidhlig) agus Marilyn Waters, Manaidsear Theisteanasan, bho SQA.

2. Obair-shònraichte agus labhairt - Fileantaich

Catriona Nic a' Phì

Bidh an seisean seo a' dèiligeadh ris an dà chuid labhairt agus an obair-shònraichte aig sgoilearan Gàidhlig anns na deuchainnean. Bheir sinn sùil air diofar dhòighean gus piseach a thoirt air sgilean labhairt nan sgoilearan tron bhliadhna agus cuideachd air na ceistean agus an còmhradh a bhios aig an neach-teagaisg san deuchainn. A thuilleadh air sin coimheadaidh sinn air na tha air a mholadh airson sgoilearan a bhith a' cruthachadh an Obair-shònraichte – Sgrìobhadh mar phàirt den deuchainn aca.

3. Ar Slàinte 's ar Sunnd

Fiona NicAonghais

This session will look at the teaching of Health and Wellbeing, and especially how teachers deal with mental and physical health in S1-S3. It will also look at how we ourselves as busy, trachled teachers deal with our own health and wellbeing.

4. Film G: Ag ullachadh mus tig oide FilmG dhan sgoil agaibh

Eilidh Rankin & Dòmhnall Eòghainn MacFhionghain

Ged a gheibh clasaichean àrd-sgoile taic leis an obair camara, a' chleasachd, agus an obair gearraidh, tha fios againn gur e dùbhlán a th' ann uaireannan dhan chlas aontachadh air sgeulachd agus sgrìobt ullachadh. Tha Dòmhnall Eòghainn MacFhionghain na oide FilmG a' siubhal gu diofar sgoiltean air feadh na dùthcha, ach tha e cuideachd na sgrìobhadair agus na stiùiriche. Tha seo na chothrom beagan comhairle fhaighinn bhuaithesan agus ceistean a chur air oide FilmG mus teann sibh air an obair chruaidh sa chlas.

5. A' libhrigeadh an NPA air Sgrìobhadh agus Riochdachadh Òrain Ùra Gàidhlig

Jennifer McHarrie, SQA

6. Obair-shònraichte agus labhairt - Luchd-ionnsachaidh

Iain MacAonghais

Cùrsa Luchd-ionnsachaidh aig Ìre Nàiseanta 5 : Fiosrachadh agus comhairle mun Labhairt Cùrsa agus mun Obair Shònraichte: Sgrìobhadh

7. Cainnt, Cànan is Conaltradh aig Ìre na h-Àrd-sgoile

Morna Butcher, SLT

Cothrom beachdachadh air leasachadh sgilean Cainnt, Cànan agus Conaltradh (SLC) agus mu Feumalachdan Cainnt, Cànan is Conaltradh (SLCN) aig ìre na h-àrd-sgoile. Bidh cothrom agaibh beachdachadh air dòighean sgilean SLC a bhrosnachadh am measg nan daoine òga sna clasaichean agaibh agus mu SLC agus Foghlam Gàidhlig.

8. Foghlam Alba - Curraicealam Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG): prìomhachas cudromach airson leasachadh

Joan Esson, HMI, Dr Mary Andrew, Linda Park

'S e amas na bùth-obrach seo luchd-ùidh a chomasachadh gus leasachadh a thoirt air curraicealam Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG), gu h-àraidh aig ìre àrd-sgoile gus eadar-ghluasad nas fheàrr a thoirt bhon bhun-sgoil. Seallaidh Joan Esson, HMI, cleachdadh èifeachdach bho sgrùdaidhean. Mar phàirt dheth bidh mar a ghabhas fear de

dh'amasan 'Comhairle mu Foghlam Gàidhlig' - gun tèid cuid den churraicealam a libhrigeadh tron Ghàidhlig - a choileanadh. Tha bogadh sa chànan aig cridhe curraicealam FMG 3-18.

Bruidhnidh Dr Màiri Anndra, Oilthigh Dhùn Èideann, air toradh an rannsachaidh ùir aice air dè th' ann am bogadh fìor èifeachdach, agus air ionnsachadh dreuchdail a bhiodh feumail do thidsearan FMG gus seo a thoirt air adhart.

Tha Linda Park na ceannard air an àrd-sgoil le Comhairle Lannraig a Tuath sam faighear FMG àrd-sgoile - Àrd-sgoil Greenfaulds. Ann an 2018, nuair a rinn Luchd-sgrùdaidh na Banrigh sgrùdadh air Àrd-sgoil Greenfaulds, chomharraich iad an neart seo: "An diorras airson na Gàidhlig a tha air a nochdadh leis a' cheannard, luchd-obrach Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus daoine òga. Tha an luchd-obrach a' nochdadh ìre àrd de phroifeiseantachd ann a bhith a' solar raon de chothroman do dhaoine òga a bhith ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig, gu sònraichte ann an ÀS1-ÀS3."

Mìnichidh Linda mar a tha an sgoil a' cleachdadh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais gus diofar shlighean a thairgsinn do dhaoine òga ann am FMG. Bidh cothroman ann cuideachd airson còmhradh agus co-obrachadh am measg nan compàirtichean.

Co-bhùthan-obrach - Bun-sgoil & Àrd-sgoil

1. Foghlam Alba Co-mheasadh - Coileanadh Ìre Maeve NicFhionghain

Tha coileanadh ìre stèidhte air breithneachadh proifeiseanta tidseir aig a bheil farsaingeachd fiosrachaidh, agus bu chòir dha a bhith earbsach agus làidir. Cha ghabh seo a dhèanamh ach le co-mheasadh èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagasg agus measadh. Nì an seisean pragtaigeach seo fòcas air litearrachd agus Gàidhlig agus Gaelic (Luchd-ionnsachaidh), tarsainn air na ceithir sgilean - èisteachd agus labhairt, leughadh agus sgrìobhadh.

Am measg nam prìomh chuspairean a thèid a thaisbeanadh agus a dheasbad bidh:

- A' cleachdadh nan Slatan-tomhais Nàiseanta gus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta air coileanadh ìre;
- Ath-sgrùdadh air diofar phìosan fianais, gus a dhearbhadh an deach an t-slat-tomhais a bhathar a' sùileachadh a choileanadh - nam measg bidh cleachdadh POLAAR, measaidhean coitcheann nàiseanta (MCNG) agus measaidhean iomlanach;
- A' coileanadh farsaingeachd ionnsachaidh tarsainn air eòlas, tuigse agus sgilean, mar a tha air a chur an cèill sna h-eòlasan agus na builean airson na h-ìre;
- Sgoilearan a' sìor fhreagairt gu math ris an ìre dùbhlain a tha air a cur an cèill sna h-eòlasan agus na builean airson na h-ìre, agus a' tòiseachadh a ghluasad air adhart chun na h-ath ìre;
- Sgoilearan a' sealltainn gu bheil iad a' cleachdadh na dh'ionnsaich iad ann an suidheachaidhean ùra air nach eil iad eòlach.

Tha air iarraidh air luchd-teagaisg fianais measaidh air coileanadh ìre thairis air na ceithir sgìlean cànan a thoirt chun an Alltain. Thèid a cleachdadh gus co- thuigse fhaighinn air na slatan-tomhais airson coileanadh ìre. Bu chòir luchd-teagaisg dèanamh cinnteach gu bheil na ceadan buntainneach aca gus eisimpleirean de obair nan sgoilearan a shealltainn.

2. Giglets Gàidhlig - fuasgladh litearrachd nàiseanta do sgoiltean GME ann an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig

Seona NicRuairidh

Tha goireas litearrachd Giglets Gàidhlig ri fhaighinn le sgoiltean sa bheil FMG, le maoinachadh Bòrd na Gàidhlig.

Tha an goireas a' faighinn taic bho ùghdarrasan ionadail na h-Alba gu lèir, agus bho Stòrlann, agus tha e air a chleachdadh mu thràth sa mhòr-chuid de sgoiltean sa bheil FMG. Tha a' bhùth-obrach seo freagarrach do thidsearan FMG bun-sgoile agus àrd-sgoile. Bidh e mar thoiseach tòiseachaidh no mar ùrachadh do thidsearan FMG. Bidh a' bhùth-obrach a' còmhach leabharlann de theacsaichean Gàidhlig a tha a' sìor fhàs, mòran dhiubh le tar-ghuthan, beothachaidhean agus dealbhan, agus na ceudan de ghoireasan Gàidhlig.

A rèir 's mar a tha an t-eadar-lion air an latha, leigidh a' bhùth-obrach le tidsearan logadh a-steach dhan ghoireas bheò, agus mar sin, mas urrainn dhuibh idir, thoiribh leibh laptop/chromebook/taiblid/ inneal làimhe; co-dhiù co-dhiù, gheibh sibh buannachd às a' bhùth-obrach ged nach biodh coimpiutair agaibh. Bhiodh e na b' fheàrr nan cuireadh sibh post-d gu seona@giglets.com no karsten@giglets.com ro làimh, agus cuiridh iad ainm-loga air dòigh dhuibh.

3. A' toirt piseach air eadar-ghluasadan le e-Sgoil/ICT

Aonghas MacIllInnein (Ceannard e-Sgoil)

Sa bhùth-obrach eadar-obrachail seo gheibh compàirtichean cothrom cnuasachadh air an cleachdadh an-dràsta a thaobh eadar-ghluasadan, planadh airson leasachadh, agus beachdachadh air e-Sgoil no leasachain ICT eile a chleachdadh airson eadar-ghluasadan.